

## Fòcas

- Mothachadh nan ciad-fàthan
- Cuimhneachd
- A' mothachadh mhion-phuingean
- Ceanglaichean nàdair

## Cuin?

Àm-latha

## Càit?

Coille/àite coillteach

## Meud buidhne

1 chom-pàirtiche no barrachd

## Aoisean

6 agus nas sine

## Na tha a dhìth ort

Pìos cairt-bhùird no pàipeir (m.e. bho bhogsa gràinean bracaist) Peansail, peann no peann-comharraidh

## Carson a dh'fheuchadh tu e?

Bidh mapaichean fuaime gad shlaodachadh, ag àrdachadh do chiad-fàthan agus a' nochdadh nithean as àbhaist dhut a bhith a' call. Gach trup a dh'fheuchas tu e, bidh fuaim an t-saoghail beagan nas beartiche.

# Mapaichean Fuaime

## Èist ris an t-saoghal nàdarra timcheall ort

Tha mapaichean fuaime gar cuideachadh gus socair a ghabhail agus èisteachd dha-riribh, a' gluasad ar fòcais bho na tha sinn a' faicinn gu na tha sinn a' cluinntinn. Tha a' ghnìomhachd shimplidh seo ag obair glè mhath leis a h-uile aois agus comas.

## Dè th' ann am mapa fuaime?

Tha e mar dhòigh sam faod thu na fuaimean timcheall ort a ghlacadh le bhith a' gabhail air do shocair, ag èisteachd gu cùramach agus a' tarraing dhealbhan no a' sgrìobhadh sios na tha thu a' cluinntinn. Glè mhath airson choilltean, pàircan, gàrraidhean no àite sam bith far am faod thu stad agus èisteachd.

## Ciamar a nì thu e

**Comharraich thu fhèin** ann am meadhan a' phàipeir.

**Lorg spot sàmhach** a-muigh—suidh no seas gu socair.

**Èist gu dlùth** airson 5 mionaid. Nad thost—direach èist.

**Dèan mapa de na fuaimean** timcheall ort.

Sgrìobh sios na tha thu a' cluinntinn agus cò às a tha e a' tighinn.

- A bheil eunlaith ag itealachadh os do chionn?
- A bheil abhainn a' sruthadh faisg air làimh?
- A bheil crodh fad air astar?

Carson nach tarraing thu dealbh dhe, no nach cuir thu leubail ri, no fiù 's nach cruthaich thu cumaidhean, dathan no stuthan a ghabhas làimhseachadh a tha a' co-fhreagairt ris an fhuaim?

### Bi cruthachail!

Dè an cumadh a th' aig *fuaim* na gaoithe?

Nam b' urrainn dhut *beantainn* ri ceilearadh nan eun, cò ris am biodh an fhaireachdainn coltach?"

Dè an *dath* a tha a' co-fhreagairt ri srann an t-seillein?



### Dèan Còmhla E

Math airson meòrachadh nad aonar no mar ghnìomhachd buidhne. Co-phàirtich na mapaichean fuaime agad le càch a chèile no fiù 's postaich iad air meadhanan sòisealta le **#natureneedsheroes**

### Dùbhlán

Feuch mapa fuaime ann an àite ùr no rach air ais don aon spot agus dèan coimeas. Dè tha air atharrachadh?



#NatureNeedsHeroes

[www.lochlomond-trossachs.org/naturehub](http://www.lochlomond-trossachs.org/naturehub)

**LOCH  
LOMOND  
& THE TROSSACHS  
NATIONAL PARK**

